

1. Puirt-a-beul (Catherine-Ann MacPhee – Sùil Air Ais)

a: Ci'n Fhidheall

Sèist:

'S o ci'n fhidheall fair an fhidheall

'S o ci'n fhidheall fair an fhidheall

'S o ci'n fhidheall fair an fhidheall

Cuir an fhidheall air a' bhòrd

Cuir an fhidheall air a' bhòrd

'S toigh leam Bean Thobhtaiche Dubha

'S toigh leam Bean Thobhtaiche Dubha

'S toigh leam Bean Thobhtaiche Dubha

'S toigh leam piuthar Raghnaill Oig

'S toigh leam piuthar Raghnaill Oig

Sèist

Nighean Raghnaill Ruaidh thu

Nighean Raghnaill Ruaidh thu

Nighean Raghnaill Ruaidh thu

'S piuthar ghanach Raghnaill Oig

'S piuthar ghanach Raghnaill Oig

Sèist

Chunna mi 'san Dùn thu

Chunna mi 'san Dùn thu

Chunna mi 'san Dùn thu

Dèanamh cunntas ri MacLeòid

Dèanamh cunntas ri MacLeòid

Sèist (x 2)

b. Maighleas Mòr na Guailne

Maighleas Mòr na Guailne a-nùll Blàr a' Bhuailte
Maighleas Mòr na Guailne a-nùll Glaic a' Ghrògair
Maighleas Mòr na Guailne a-nùll Blàr a' Bhuailte
Maighleas Mòr na Guailne a-nùll Glaic a' Ghrògair

Tha seann bhriogais lachdann air
Tha seann bhriogais liath air
Tha seann bhriogais lachdann air
'S chan fhaigh e bean gu siorraidh

Maighleas Mòr na Guailne a-nùll Blàr a' Bhuailte
Maighleas Mòr na Guailne a-nùll Glaic a' Ghrògair
Maighleas Mòr na Guailne a-nùll Blàr a' Bhuailte
Maighleas Mòr na Guailne a-nùll Glaic a' Ghrògair

Tha seann bhriogais lachdann air
Tha seann bhriogais liath air
Tha seann bhriogais lachdann air
'S chan fhaigh e bean gu siorraidh

c: Eadar-a-Ghàrradh

Eadar-a-ghàrradh a mharbh mis' an coileach donn
Eadar-a-ghàrradh a mharbh mis' an coileach donn
Eadar-a-ghàrradh a mharbh mis' an coileach donn
Iteagan dhan airgead an earball a' choilich dhuinn

Seoca Dubha Dubha Dubha, Seoca Dubh à bhail' tha thall
Seoca Dubha Dubha Dubha, Seoca Dubh à bhail' tha thall
Seoca Dubha Dubha Dubha, Seoca Dubh à bhail' tha thall
Seoc a bh'anns an t-seanbhail' a b' ainmeil a' tighinn a-nall

Eadar-a-ghàrradh a mharbh mis' an coileach donn
Eadar-a-ghàrradh a mharbh mis' an coileach donn
Eadar-a-ghàrradh a mharbh mis' an coileach donn
Iteagan dhan airgead an earball a' choilich dhuinn

Seoca Dubha Dubha Dubha, Seoca Dubh à bhail' tha thall
Seoca Dubha Dubha Dubha, Seoca Dubh à bhail' tha thall
Seoca Dubha Dubha Dubha, Seoca Dubh à bhail' tha thall
Chitheadh tu e 'san anmoch tighinn a shealg air a' choileach dhonn

2. Uiseag Bheag Dhearg (Mairi MacInnes – Tickettyboo)

Uiseag bheag dhearg na monadh duibh
Na monadh duibh na monadh duibh
Uiseag bheag dhearg na monadh duibh
Cait do chaidil thu'n raoir 's an i

Chaidil mi'n a-raoir air bharr an dris
Air bharr an dris, air bharr an dris
Chaidil mi'n a-raoir air bharr an dris
Ach o bha mo chadal cho sgìth

Chaidil mi'n a-raoir air bharr nan tonn
Air bharr nan tonn, air bharr nan tonn
Chaidil mi'n a-raoir air bharr nan tonn
Ach o bha mo chadal cho sgìth

Uiseag bheag dhearg nan sgiathan oir
nan sgiathan oir, nan sgiathan oir
Uiseag bheag dhearg nan sgiathan oir
Cait do chaidil thu'n raoir 's an i

Chaidil mi'n a-raoir eadar dha dhuilleig
Eadar da dhuilleig, eadar dha dhuilleig
Chaidil mi'n a-raoir eadar dha dhuilleig
Is o bha mo chadal cho sèimh
Is o bha mo chadal cho sèimh

3. Maol Ruanaidh Ghlinneahain (Mairi MacInnes – Tickettyboo)

Ha ho ro Maol Ruanaidh ghlinnechain
Ha ho ro Maol Ruanaidh
Dh'fhalbh do mhathair 's thug i 'm fireach orr'
Ha ho ro Maol Ruanaidh

Dh'fhalbh do mhathair 's thug i 'm fireach orr'
Ha ho ro Maol Ruanaidh
Dh'fhalbh i dha'n ghleann 's na feidh a fuireach orr'
Ha ho ro Maol Ruanaidh

Ha ho ro Maol Ruanaidh ghlinnechain
Ha ho ro Maol Ruanaidh
Dh'fhalbh do mhathair 's thug i 'm fireach orr'
Ha ho ro Maol Ruanaidh

Dh'fhalbh do mhathair 's thug i 'm fireach orr'
Ha ho ro Maol Ruanaidh
Dh'fhalbh i dha'n ghleann 's na feidh a fuireach orr'
Ha ho ro Maol Ruanaidh

Ha ho ro Maol Ruanaidh ghlinnechain
Ha ho ro Maol Ruanaidh
Dh'fhalbh do mhathair 's thug i 'm fireach orr'
Ha ho ro Maol Ruanaidh

Ha ho ro Maol Ruanaidh ghlinnechain
Ha ho ro Maol Ruanaidh
Dh'fhalbh do mhathair 's thug i 'm fireach orr'
Ha ho ro Maol Ruanaidh
Ha ho ro Maol Ruanaidh

4. Leis an Lurgainn (Mairi MacInnes – Tickettyboo)

Sèist:

Leis an Lurgainn o hi
Leis an Lurgainn o ho
Beul an anmoich o hi
B'fheudar falbh le cuid seol

An Cuan Eirinn o hi
Muir ag èirigh o ho
Cha bu lèir dhuinn o hi
Ni fo'n ghrèin ach na neoil

Sèist

Seachad Ile o hi
Beul na h-oidhche o ho
Las sinn coinnlean o hi
'S chuir sinn combaist air doigh

Sèist

Seachad Aros o hi
Bha i gabhaidh o ho
'N fhairge laidir o hi
Suas gu barr a' chroinn-sgoid

Sèist

Thuir an sgiobar o hi
Ri chuid ghillean o ho
"Glacaibh misneachd o hi
'S cuiribh rìof na cuid seol"

Sèist

Suas a h-aodach o hi
Ri croinn chaola o ho
Snamh cho aotrom o hi
Ris an fhaolinn air lon

Sèist

Fhuair sinn fosgladh o hi
M'a ceann toisich o ho
fear ga taomadh o hi
'S gillean coltach air bord

Sèist x2

5. Fear a' Bhàta (Mairi MacInnes – This Feeling Inside)

'S tric mi sealltainn o'n chnòc as àirde
Dh'fheuch am faic mi sa fear a' bhàta
An tig thu'n diùgh neo'n tig thu màireach
'S mur tig thu idir gur truagh a tà' mi

Sèist:

Fir a' bhata na horo eile
Fir a' bhata na horo eile
Fir a' bhata na horo eile
Mo shòraidh slàn leat 's gach àit' an teid thu

Tha mo chridhe-sa briste brùite
'S tric na deóir a ruith o'm shùilean
An tig thu nochd neo'm bi mo dhùil riut
Neo'n dùin mi'n dorus le osna thùrsaich

Sèist

Gheall mo leannan dhomh gùn dhe'n t-sìoda
Gheall e sìod agus breacan rìomhach
Fainn òir anns an fàicinn iomhaigh
Ach 's egal leamsa gun dean e di-chuimhn'

Sèist

Bidh mi tuille gu tùrsach deùrach
Mar eala bhàn 's i an déigh a reùbadh
Guileag bàis aic' air lochan feùrach
Is cach uile an déigh a tréigsinn

Sèist

6. Calum Sgaire (Mairi MacInnes – Gaelic Women)

u failli a ra hu
Fail eile 's a ra u
Fail eile 's a ra hu
Hogaidh o 's na ho i

Och a Rìgh gur trom m' osann
'S fhad' ò mo luaidh a-nochd mi
Mise tuath air Ceann Lochlainn
'S ise aig Loch an Fhir Mhaoil

Sèist:
Fail eile 's a ra hu
Fail eile 's a ra hu
Fail eile 's a ra hu
Hogaidh o 's na ho i

Dh' fhalbh i, ghluais i leinn dhachaidh
Chuir i chuairt ud air Arcaibh
Cruinn ùra 's siùil gheala
Tìde mhara 's i leinn

Sèist

Ged is math a bhith seòladh
'S bochd 'n obair ud dhomhsa
'S mòr gum b' fheàrr leam bhith 'm Bòsta
Cur an eòrna 'san raon

Sèist

Ach nam bithinnsa aig baile
A shamhradh 's a dh' earrach
'S mi nach leigeadh le m' leannan
Ri balach gun strìth

Sèist x2

7. Chan E Caoidh Mhic Shiridh (Maggie MacInnes – Spiorad Beatha)

Chan e caoidh Mhic Shiridh
Dh'fhàg an dil' air mo ghruaidh

Sèist:

Hu o ro hu Horo o hi o
Hi o o hi o hi o Ho ro o hi o hi o

Chan e caoidh mo leannan
Ged a dh'fhanadh e bhuam

Sèist

Ach a'caoidh mo bhràthair
Chaidh a bhàthadh 's a'chuan

Sèist

S duilich leam do chùl chlannaich
Bhith 's an fheamainn 'ga luadh

Sèist

'S duilich leam do gheal dheudan
Bhith' ga' reubadh 's a'chuan

Sèist

Tha do leabaidh gun chàradh
'S fhad' o'n dh'fhàg thu i fuar

Sèist

Cha tèid mise ga càradh
Tha thu ghràidh ro fhad' bhuam

Sèist

'S tric mo shùil air an Rubha
Bhon bhruthach ud shuas

Sèist

Feuch am faic mi seòl brèidgheal
Latha grèine 's a chuan

8. Thug Mi Gaol Do'n Fhear Bhàn (8. Maggie MacInnes – Spiorad Beatha)

Sèist:

Thug mi gaol, thug mi gaol
Thug mi gaol don fhear bhàn
Agus gealladh dhutsa, luaidh
O cha dual dhomh bhith slàn

Chaidh am bàta troimh na caoil
Leis na daoine Di-màirt
'S mise phaigh am faradh daor
Bha mo ghaol air a clàr

Sèist

Chunnacas long air a' chuan
'S i cur suas na seòl àrd
'Nuair a dhiùlt i dhol mun cuairt
Bha mo luaidh-s' air an t-snàmh

Sèist

Bha mi bruadar an raoir
Bha mi caoimhneas mo ghràidh
'S nuair a dhùisg mi as mo shuain
Bha mi fuar falamh fàs

Sèist

Bha mi deas is bha mi tuath
Bha min Cluaidh uair no dhà
Dhe na chunna mi fon ghrèin
Thug mi spèis don fhear bhàn

Sèist

Cha tèid mise 'thaigh a' chiùil
Thuit mo shùgradh gu làr
Bhon a chualas thusa rùin
'Bhith 's a' ghrùnd far nach tràigh

Sèist

9. Cò Nì Mire Rium? (Maeve MacKinnon – Fo Smuain)

Sèist:

Cò nì mire rium hu hoirean o

Cò nì mire rium hu hoirean o

Cò nì mire rium

Cò nì sugradh cò nì cinnealtas hu hoirean o

Sèist

Cò nì e mur dean na gillean e

Sèist

Latha dhom 's mi falbh nam fireachan

Sèist

Thachair orm a gruagach chinnealta

Sèist

'S i buain eointean 'n cois na linne ud

Sèist

Sèist

Theann mi null is fhuair mi bruidhinn dhith

Sèist

'S dh'fhaighneachd mi gu dè bu chinneadh dhith

Sèist

'S thuirt i riumsa tha ban Siosalach

Sèist

Thuirt mi rith' gum b'e mo chinneadh e

Sèist

Thuirt i rium cha bhith mo thuras riut.

Sèist

10. Mo Thruaigh Leir Thu 'Ille Bhuidhe (Maeve MacKinnon – Fo Smuain)

Mo thruaigh leir thu 'ille bhuidhe
'S ann an-diugh tha 'n deidh ort
Mo thruaigh leir thu 'ille bhuidhe

Tha 'n Earbag 's i air acairsaid am Baile Puirt an Eirinn
Mo thruaigh leir thu 'ille bhuidhe

Chuir sinn croinn 's a bhàta dà là mu'n do dh'fhag sinn Eirinn
Mo thruaigh leir thu 'ille bhuidhe

Cutteran a's gaidsearan ga'r sarachadh le cheile
Mo thruaigh leir thu 'ille bhuidhe

Nuair a dh'at an fhairge 's i 'n Earbag a bha treubhach
Mo thruaigh leir thu 'ille bhuidhe

An Earbag 's i cho dionach ri botal fion a's ceir air
Mo thruaigh leir thu 'ille bhuidhe

Dh'ol sinn buaidh do'n bhàta thug sabhailt' sinn à Eirinn
Mo thruaigh leir thu 'ille bhuidhe

Bha uisge 's clacha-meallain ann a's canvas g'a reubadh
Mo thruaigh leir thu 'ille bhuidhe

Seachad Caisteal Dhiuart leath' gun robh ar turas reidh leinn
Mo thruaigh leir thu 'ille bhuidhe

Bha sinn an Loch Alainn mu'n d' rinn ach pairt dhiubh eirigh
Mo thruaigh leir thu 'ille bhuidhe
'S ann an-diugh tha 'n deidh ort
Mo thruaigh leir thu 'ille bhuidhe

11. Tighinn Air a' Mhuir Am Fear A Phòsas Mi (Karen Matheson – Nàdurra)

Is pòsaidh mi, is pòsaidh mi

Theid thu null air an fhadhail nì thu sin
Thig thu nall air an fhadhail nì thu sin
Theid thu null air an fhadhail nì thu gruagach a thadhal
Far na dh'fhàg thu do roghainn nì thu sin

Sèist:

O tha m'ulaidh air tha m'ulaidh air cha bhith e ris an òl
Tha maighear air tha maighear air cha bhi e ris an òl
Meudail air an t-sùil 's air a mhala th' os a cionn
Gaòl mo chridhe air a ghille gràdhan air

Tighinn air a'mhuir tha fear a phòsas mì
Tighinn air a'mhuir tha fear a phòsas mì
Tighinn air a'mhuir tha 'n gille buidhe bòidheach
Ciobair nan oithisgean is pòsaidh mi

Sèist

Is pòsaidh mi

Is pòsaidh mi

Sèist

Tighinn air a'mhuir tha fear a phòsas mì
Tighinn air a'mhuir tha fear a phòsas mì
O, Tighinn air a'mhuir tha 'n gille buidhe bòidheach
Ciobair nan oithisgean is pòsaidh mi

Sèist x2

12. Alasdair Mhic Cholla Ghasda (Karen Matheson – Capercaillie)

Alasdair Mhic o ho
Cholla Ghasda o ho
As do laimh-s' gun o ho
Earbainn tapaidh trom eile

Sèist:

Chall eile bho chall a ho ro
Chall eile bho chall a ho ro
Chall eile huraibh i chall a ho ro
'S haoi o ho trom eile

As do laimh-s' gun earbainn tapaidh
Mharbhadh Tighearna Ach-nam-Breac leat

Sèist

'S ged 's beag mi fein bhuail mi ploc air
Chuala mi' n-de sgeul nach b' ait leam

Sèist

Chuala mi 'n-de sgeul nach b'ait leam
Glaschu a bhith dol 'na lasair

Sèist

Alasdair Mhic Cholla Ghasda
As do laimh-s' gun earbainn tapaidh

Sèist

Glaschu a bhith dol 'na lasair
'S Obair-Dheathain 'n deidh a chreachadh

Sèist

13. Puirt-A-Beul (Julie Fowlis – Dòchas)

a: Tha Biodag Aig MacThòmais

Tha biodag aig MacThòmais

Tha bucaill air a bhrògan

Tha biodag aig MacThòmais

Gur ro-mhath dh'fonadh sgiàn dà

Tha biodag aig MacThòmais

Tha bucaill air a bhrògan

Tha biodag aig MacThòmais

Gur ro-mhath dh'fonadh sgiàn dà

Biodag as a ghliogadaich

Aig mac a' bhodaich ghiobadaich

'S nam biodh e mar a thigeadh e

Gur math gu fònadh sgiàn dà

Biodag as a ghliogadaich

Aig mac a' bhodaich ghiobadaich

'S nam biodh e mar a thigeadh e

Gur math gu fònadh sgiàn dà

Tha biodag aig MacThòmais

Tha bucaill air a bhrògan

Tha biodag aig MacThòmais

Gur ro-mhath dh'fonadh sgiàn dà

Tha biodag aig MacThòmais

Tha bucaill air a bhrògan

Tha biodag aig MacThòmais

Gur ro-math dh'fonadh sgiàn dà

Biodag as a ghliogadaich

Aig mac a' bhodaich ghiobadaich

'S nam biodh e mar a thigeadh e

Gur math gu fònadh sgiàn dà

Biodag as a ghliogadaich

Aig mac a' bhodaich ghiobadaich

'S nam biodh e mar a thigeadh e

Gur math gu fònadh sgiàn dà

b: Siod a' Rud a Thogadh Fonn

Siod a' rud a thogadh fonn
Fèile beag is sporran lom
Còta goirid os o chionn
Biodag Dhò 'ill 'Ic Alasdair

Siod a' rud a thogadh fonn
Fèile beag is sporran lom
Còta goirid os o chionn
Biodag Dhò 'ill 'Ic Alasdair

Biodag Dhò 'ill 'Ic Alasdair
Biodag Dhò 'ill 'Ic Alasdair
Biodag Dhò 'ill 'Ic Alasdair
Is claidheamh Dhò 'ill 'Ic Alasdair

Biodag Dhò 'ill 'Ic Alasdair
Biodag Dhò 'ill 'Ic Alasdair
Biodag Dhò 'ill 'Ic Alasdair
Is claidheamh Dhò 'ill 'Ic Alasdair

'S aotrom a ghearradh tu leum
Le do thriùbhas fada rèidh
'S aotrom a ghearradh tu leum
'S dhìreadh tu na mullaichean

'S aotrom a ghearradh tu leum
Le do thriùbhas fada rèidh
'S aotrom a ghearradh tu leum
'S dhìreadh tu na mullaichean

Dhìreadh tu na mullaichean
Dhìreadh tu na mullaichean
Dhìreadh tu na mullaichean
Is theàrnadh tu na bealaichean

Dhìreadh tu na mullaichean
Dhìreadh tu na mullaichean
Dhìreadh tu na mullaichean
Is theàrnadh tu na bealaichean

c:Faca Sibh Màiri Nighean Alasdair?

Faca sibh Màiri nighean Alasdair?
Faca sibh Màiri nighean Sheumais?
Faca sibh Màiri nighean Alasdair?
Bidh iad a' mire ri chèile

Faca sibh Màiri nighean Alasdair?
Faca sibh Màiri nighean Sheumais?
Faca sibh Màiri nighean Alasdair?
Bidh iad a' mire ri chèile

Cruinn, geàrr, sgiobalta
Cruinn, sgiobalta, gleusda
Cruinn, geàrr, sgiobalta
Bidh iad a' mire ri chèile

Cruinn, geàrr, sgiobalta
Cruinn, sgiobalta, gleusda
Cruinn, geàrr, sgiobalta
Bidh iad a' mire ri chèile

Faca sibh Màiri nighean Alasdair?
Faca sibh Màiri nighean Sheumais?
Faca sibh Màiri nighean Alasdair?
Bidh iad a' mire ri chèile

Faca sibh Màiri nighean Alasdair?
Faca sibh Màiri nighean Sheumais?
Faca sibh Màiri nighean Alasdair?
Bidh iad a' mire ri chèile

Cruinn, geàrr, sgiobalta
Cruinn, sgiobalta, gleusda
Cruinn, geàrr, sgiobalta
Bidh iad a' mire ri chèile

Cruinn, geàrr, sgiobalta
Cruinn, sgiobalta, gleusda
Cruinn, geàrr, sgiobalta
Bidh iad a' mire ri chèile

Faca sibh Màiri nighean Alasdair?
Faca sibh Màiri nighean Sheumais?
Faca sibh Màiri nighean Alasdair?
Bidh iad a' mire ri chèile

Faca sibh Màiri nighean Alasdair?
Faca sibh Màiri nighean Sheumais?
Faca sibh Màiri nighean Alasdair?
Bidh iad a' mire ri chèile

Cruinn, geàrr, sgiobalta
Cruinn, sgiobalta, gleusda
Cruinn, geàrr, sgiobalta
Bidh iad a' mire ri chèile

Cruinn, geàrr, sgiobalta
Cruinn, sgiobalta, gleusda
Cruinn, geàrr, sgiobalta
Bidh iad a' mire ri chèile

14. Chuir iad Mise dh'Eilean Leam Fhìn (Julie Fowlis – Dòchas)

Chuir iad mise dh'eilean leam fhìn
Chuir iad mise dh'eilean leam fhìn
Chuir iad mise dh'eilean leam fhìn
Eilean mara fada bho thìr

'S toigh le Uilleam Ann' againn fhìn
'S toigh le Uilleam Ann' againn fhìn
'S toigh le Uilleam Ann' againn fhìn
'S toigh le Ruairidh gruagach a' chruidh

Chuir iad mise dh'eilean leam fhìn
Chuir iad mise dh'eilean leam fhìn
Chuir iad mise dh'eilean leam fhìn
Eilean mara fada bho thìr

'S toigh le Ailean bean na fhuilt dhuinn
'S toigh le Ailean bean na fhuilt dhuinn
'S toigh le Ailean bean na fhuilt dhuinn
'S toigh le Ruairidh buaile chrodh laoidh

Chuir iad mise dh'eilean leam fhìn
Chuir iad mise dh'eilean leam fhìn
Chuir iad mise dh'eilean leam fhìn
Eilean mara fada bho thìr

15. Gràdh Geal Mo Chridh' (Ishbel MacAskill – Sìoda)

'N àm bhith cromadh ris 'ghleann
Thàinig snaidhm air mo chridh'
Bho nach d'thug thu dhomh do làmh
'S mi'n dùil nach fhàgadh tu mi

Sèist:

Bheir mi ò hu ò hò

Bheir mi ò hu ò hì

Bheir mi ò hu ò hò

'S mi fo bhròn 's tu gam dhìth

Dhèanainn treabhadh dhuit is buan
Chumainn suas thu gun dìth
Bheirinn as a' ghreabhal chruaidh
Do mo luaidh teachd an tìr

Sèist

Ged nach eil sinn fhathast pòsd'
Tha mi'n dòchas gum bi
Fhad' 's a mhaireas mo dhà dhòrn
Cha bhith lòn oirnn a dhìth

Sèist

Dh'fhàg thu silteach mo shùil
Dh'fhàg thu tùrsach mo chridh'
Dh'fhàg thu tana-glas mo shnuadh
'S thug thu ghruag bhàrr mo chinn

Sèist

16. Nuair Bha Mi Og (Anne Martin – Cò)

Moch 's mi 'g éirigh air bheagan éislein,
Air maidinn Chéitein 's mi ann an Os,
Bha spréidh ag géumnaich an ceann a chéile,
'S a' ghrian ag éirigh air Leac an Stòir;
Bha gath a' bòillsgeadh air slios nam beanntan,
Gur tuar na h-òidhche na dheann fo sgòd,
Is os mo chionn sheinn an uiseag ghreanmhor,
Toirt na mo chuimhne 'n uair bha mi òg.

Toirt na mo chuimhn' iomadh nì a rinn mi,
Nach faigh mi 'm bànn gu ceann thàll mo sgeòil,
A' falbh 's a' gheamhradh gu luaidh is bàinsean,
Gun solus lòninnir ach ceann an fhòid;
Bhiodh òigrìdh ghréanmhor ri ceòl is dànnsa,
Ach dh'fhalbh an t-àm sin 's tha 'n gleann fo bhròn,
Bha 'n tobht aig Anndra 's e làn de fheanntaig,
Toirt na mo chuimhne 'n uair bha mi òg.

'Nuair chuir mi cuairt air gach gleann is cruachan,
Far 'n robh mi suaimhneach a' cuallach bhò,
Le òigrìdh ghuanach tha nis air fuadach,
De shliochd na tuath bha gun uaill gun ghò;
Na raoin 's na cluaintean fo fhraoch is luachair,
Far 'n tric na bhuaineadh leam sguab is dlògh,
'S na 'm faicinn sluagh agus taighean suas annt',
Gum fàsainn suaimhneach mar a bha mi òg.

An uair a dhirich mi gual an t-Sithein,
Gun leig mi sgios dhiom air bruaich an lòn,
Bha buadhan m'inntinn a' triall le sinteig,
Is sùil mo chinn faicinn loinn gach pòir;
Bha 'n t-sòbhrach mhin-bhuidh' 's am bearnan-brighde,
An cluaran-riòghail, is lus an òir,
'S gach bileag aoibhneach fo bhraon na h-oidhche,
Toirt na mo chuimhne 'n uair bha mi òg.

17. Maighdeanan na h-Àiridh (Anne Martin – Cò)

Thug mi'n oidhche raoir's mi bruadar
Mar ri nionagan na buaile,
B'fhinealt uasal min na gruagaich
seinn nan duanag anns an àiridh
Thug mi'n oidhche raoir 'san àiridh
thug mi'n oidhche raoir 'san àiridh,
chaith mi'n oidhche cridheil caomhneil,
Mar ri maighdeanan na h-àiridh.

Thug mi'n oidhche raoir 'san àiridh
'S crodh a'sileadh bannem tàlaidh
'S dealt na hoidhche sileadh caomhneis
Air na maighdeanan 'san àiridh
'S cianail dusgadh an fhirfhuadain
'S e sior ionndrainn tìr a bhruadair,
'S tiamhaidh buan da thar na stuadhan,
ceol nan gruagach anns an àiridh

18. O Hi Ri Lean

Sèist

O hì rì lean eatharan na hu o

O hì rì lean

Leannan do mharaich' mi

Sèist

Sheasadh ri cruadal

Sèist

Sèist

Ged bhiodh cruaidh frasan ann

Sèist

Sneachd na gaoith a tuath ann

Sèist

Sèist

Sèist

Chaidh mo leannan d'an chill

Sèist

An ciste chumhang a' chinn chaoil

Sèist

Sèist

Air a dubhadh le bith

Sèist

Chan eil furtachd domh ann

Sèist x2

19. Puirt-a-Beul (Catherine-Ann MacPhee – Chi Mi'n Geamhradh)

a. Calum Beag O Thir A' Mhurain

'S Calum beag o thir a' mhurain
Calum beag o lub a' gheòidh,
Calum beag o thir a' mhurain,
Bheireadh e luinneag air ceòl!

'S Calum beag o thir a' mhurain
Calum beag o lub a' gheòidh,
Calum beag o thir a' mhurain,
Bheireadh e luinneag air ceòl!

Siod am bàta chaidh o riaghailt
Bàta nach iarradh a' seòl,
Tonnan 'ga thogail 's 'ga leagail
'S Calum 's a bhoineid 'na dhòrn

Siod am bàta chaidh o riaghailt
Bàta nach iarradh a' seòl,
Tonnan 'ga thogail 's 'ga leagail
'S Calum 's a bhoineid 'na dhòrn

'S Calum beag o thir a' mhurain
Calum beag o lub a' gheòidh,
Calum beag o thir a' mhurain,
Bheireadh e luinneag air ceòl!

Siod am bàta chaidh o riaghailt
Bàta nach iarradh a' seòl,
Tonnan 'ga thogail 's 'ga leagail
'S Calum 's a bhoineid 'na dhòrn

Siod am bàta chaidh o riaghailt
Bàta nach iarradh a' seòl,
Tonnan 'ga thogail 's 'ga leagail
'S Calum 's a bhoineid 'na dhòrn

b. Ruidhleadh Cailleach Sheatadh Cailleach

Ruidhleadh cailleach sheatadh cailleach,
Ruidhleadh cailleach ris a' bhalg;
Ruidhleadh cailleach sheatadh cailleach,
Ruidhleadh cailleach ris a' bhalg;
Ruidhleadh cailleach sheatadh cailleach,
Ruidhleadh cailleach ris a' bhalg;
Dhannsadh cailleach ri caillich,
'S sheatadh cailleach ris a' bhalg.

Ruidhleadh cailleach ri caillich,
Dhannsadh cailleach ri caillich,
Ruidhleadh cailleach ri caillich,
'S sheatadh cailleach ris a' bhalg.

Ruidhleadh cailleach ri caillich,
Dhannsadh cailleach ri caillich,
Ruidhleadh cailleach ri caillich,
'S sheatadh cailleach ris a' bhalg.

Ruidhleadh cailleach sheatadh cailleach,
Ruidhleadh cailleach ris a' bhalg;
Ruidhleadh cailleach sheatadh cailleach,
Ruidhleadh cailleach ris a' bhalg;
Ruidhleadh cailleach sheatadh cailleach,
Ruidhleadh cailleach ris a' bhalg;
Dhannsadh cailleach ri caillich,
'S sheatadh cailleach ris a' bhalg.

Ruidhleadh cailleach ri caillich,
Dhannsadh cailleach ri caillich,
Ruidhleadh cailleach ri caillich,
'S sheatadh cailleach ris a' bhalg.

Ruidhleadh cailleach ri caillich,
Dhannsadh cailleach ri caillich,
Ruidhleadh cailleach ri caillich,
'S sheatadh cailleach ris a' bhalg.

c. Dh'fhalbhainn Sgiobalta Sgiobalta

Dh'fhalbhainn sgiobalta, sgiobalta, sgiobalta
Dh'fhalbhainn sgiobalta 's gheibhinn air dòigh
Dh'fhalbhainn sgiobalta choimhead air Iseabail
Chuirinn mo bhriogais orm 's gheibhinn ar dòigh

Dh'fhalbhainn sgiobalta, sgiobalta, sgiobalta
Dh'fhalbhainn sgiobalta 's gheibhinn air dòigh
Dh'fhalbhainn sgiobalta choimhead air Iseabail
Chuirinn mo bhriogais orm 's gheibhinn ar dòigh

Sile, Sile, 's i bu docha leam
Sile, Sile, am boireannach còir;
Sile, Sile, 's i bu docha leam
Peigi nighean Uilleim cha gabh mi ri m' bheò

Sile, Sile, 's i bu docha leam
Sile, Sile, am boireannach còir;
Sile, Sile, 's i bu docha leam
Peigi nighean Uilleim cha gabh mi ri m' bheò

Dh'fhalbhainn sgiobalta, sgiobalta, sgiobalta
Dh'fhalbhainn sgiobalta 's gheibhinn air dòigh
Dh'fhalbhainn sgiobalta choimhead air Iseabail
Chuirinn mo bhriogais orm 's gheibhinn ar dòigh

Dh'fhalbhainn sgiobalta, sgiobalta, sgiobalta
Dh'fhalbhainn sgiobalta 's gheibhinn air dòigh
Dh'fhalbhainn sgiobalta choimhead air Iseabail
Chuirinn mo bhriogais orm 's gheibhinn ar dòigh

Sile, Sile, 's i bu docha leam
Sile, Sile, am boireannach còir;
Sile, Sile, 's i bu docha leam
Peigi nighean Uilleim cha gabh mi ri m' bheò

Sile, Sile, 's i bu docha leam
Sile, Sile, am boireannach còir;
Sile, Sile, 's i bu docha leam
Peigi nighean Uilleim cha gabh mi ri m' bheò

20. Waulking Songs (Maggie MacInnes – Spiorad Beatha)

a: Tha Mulad, The Fadachd, Tha Cnàmh Orm

Sèist:

E ho libh o ho ro gheallaidh

E ho libh o ho hoireano

E ho libh o ho ro gheallaidh

Tha mulad, tha fadachd, tha cnàmh orm

Cha mhire tha 'n drasd air m'aire

Sèist

'S tric a rinn mi' n cadal sàmhach

Leat am bàthach a' chruidh-bhainne

Sèist

'S tric a rinn mi 'n cadal diomhair

Le òigear nam mìogshul meallach

Sèist

Ciamar a nì mi dhuit an t-òran

'S gun mi eòlach mu d'dhà sheanar?

Sèist

Ciamar a nì mi dhuit an t-aodach

'S gun do chaoraich air na beannan?

Sèist

b: Chuala Mi'n Dè

Hu ri bho ho, chuala mi'n dè
Faile lio ho, ro ho rean o ho
Faile lio ho, chuala mi'n dè

*Hu ri bho ho, sgeul nach b'ait leam
Faile lio ho, ro ho rean o ho
Faile lio ho, sgeul nach b'ait leam*

*Hu ri bho ho, M'òg leannan donn
Faile lio ho, ro ho rean o ho
Faile lio ho, M'òg leannan donn*

*Hu ri bho ho, Dol a phòsadh
Faile lio ho, ro ho rean o ho
Faile lio ho, Dol a phòsadh*

*Hu ri bho ho, Nighean òg an rìgh
Faile lio ho, ro ho rean o ho
Faile lio ho, Nighean òg an rìgh*

*Hu ri bho ho, Nuair a thèid thu mach
Faile lio ho, ro ho rean o ho
Faile lio ho, Nuair a thèid thu mach*

*Hu ri bho ho, Seinnear pìob leat
Faile lio ho, ro ho rean o ho
Faile lio ho, Seinnear pìob leat*

*Hu ri bho ho, Nuair a thig thu steach
Faile lio ho, ro ho rean o ho
Faile lio ho, Nuair a thig thu steach*

*Hu ri bho ho, Seinnear clàrsach
Faile lio ho, ro ho rean o ho
Faile lio ho, Seinnear clàrsach*

*Hu ri bho ho, Nan teud bìnn leat
Faile lio ho, ro ho rean o ho
Faile lio ho.*